



Teisteanais
Nàiseanta
2023

2023 Gàidhlig

Leughadh

Higher

Finalised Marking Instructions

© Scottish Qualifications Authority 2023

These marking instructions have been prepared by examination teams for use by SQA appointed markers when marking external course assessments.

The information in this document may be reproduced in support of SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA must be clearly acknowledged as the source. If it is to be reproduced for any other purpose, written permission must be obtained from permissions@sqa.org.uk.



General marking principles for Gàidhlig Reading Higher

Always apply these general principles. Use them in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidates' responses.

- (a) Always use positive marking. This means candidates accumulate marks for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding; marks are not deducted for errors or omissions.
- (b) If a candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (c) Candidates gain marks for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the writer's use of language.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation.
- (e) Accept answers other than those in the marking instructions, as long as they are relevant and appropriate. Award marks according to the accuracy and relevance of the candidate's response.
- (f) In the final question, candidates gain marks for their ability to infer and summarise the ideas of the whole text.
- (g)
 - (i) For questions that ask simply '**Carson...**', candidates must give a brief, accurate response/name.
 - (ii) For questions that ask candidates '**Mìnich...**' or ask '**Ciamar...**', they must identify cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - (iii) For questions that ask candidates '**Seall mar a tha...**', they must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include, for example word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques.
 - (iv) For questions that ask '**Carson, nad bheachd...**', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

Stiùiridhean Comharrachaidh

Leughadh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.		<p>Gabhar ri freagairtean iomchaidh, mar eisimpleir,</p> <ul style="list-style-type: none">• tha còir aig Ruairidh coinneachadh ri Mairead aig seachd uairean.• Tha e fadalach agus chan eil Mairead ann.• Tha Ruairidh gu math tro-chèile - tha e a' smaoinneachadh gu bheil i air falbh.	3	Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
2.	<p>Gabhar ri freagairtean iomchaidh, mar eisimpleir,</p> <p>Ath-aithris:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha an t-ùghdar a' cleachdadh na h-abairt: 'Cha robh ...' aig toiseach nan trì paragrafan seo/dà thuras aig toiseach an dàrna paragraf/dà thuras anns an treas paragraf airson tona dhubhach a chruthachadh. • Tha an t-ùghdar a' cleachdadh na h-abairt: 'Sheall e ...' trì tursan airson leigeil fhaicinn gu bheil Ruairidh a' sireadh Mairead/Le bhith ga chleachdadh mar seo fairichidh sinn am briseadh-dùil a th' aig Ruairidh. <p>Puingeachadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha an t-ùghdar a' cleachdadh clisg-phuing anns an abairt "Mo chreach!" Tha seo a' nochdadh dhuinn gu bheil Ruairidh tro-chèile agus sàraichte. • Tha an t-ùghdar a' cleachdadh comharra-ceist anns an abairt "Nach robh foighidinn idir aig Mairead?" Tha seo a' sealltainn gu bheil Ruairidh den bheachd gur dòcha gu bheil Mairead ga leigeil sìos. • Tha an t-ùghdar a' cleachdadh trì-phuing 'ellipsis' anns an abairt "Sheall e air uaireadair ... ceithir mionaidean an dèidh seachd ... 's" Tha seo a' sealltainn dhuinn gu mionaideach gach rud a tha Ruairidh a' dèanamh/mar a tha Ruairidh a' smaoinichadh agus mar a tha e a' bualadh air gu bheil gnothaichean air a dhol ceàrr air. 	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.		<p>Gabhar ri freagairtean iomchaidh, mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> • ‘ruith e sìos an rathad mar fhear a bha gu tur às a rian’: Tha an samhla seo a’ nochdadh dhuinn an èiginn anns a bheil Ruairidh is an t-eagal a th’ air nach bi Mairead ann nuair a ruigeas e an t-oisean. • ‘Dh’fhairich e a chridhe a’ bualadh air na creagan’: Anns a’ mheatafor seo tha cridhe Ruairidh mar bhàta a tha air a dhol air na creagan. Tha e a’ sealltainn gu bheil fhaireachdainnean ann am fìor chunnart. • ‘eu-dòchas an uair sin ga bhàthadh’. Chan eil tilleadh ann nuair a thèid bàta fodha. Tha Ruairidh a’ faireachdainn gu bheil a’ mhisneachd a bha aige caillte. 	2	
4.		<p>Gabhar ri freagairtean iomchaidh, mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha Ruairidh rudeigin faoin: ‘chaith e fada cus ùine air beulaibh an sgàthain’. • Tha Ruairidh a’ tighinn gu co-dhùnaidhean ann an cabhaig/car caochlaideach na smuaintean. Bha e cinnteach an toiseach gun robh Mairead air falbh ach an uair sin tha e a’ tighinn a-steach air ‘gur dòcha gur ise a bha fadalach’/gum bu chòir dha feitheamh ‘gun fhios nach tigeadh i fhathast’. • Tha e gu math measail air Mairead: ‘bha e ag iarraidh gum biodh coltas spaideil air, airson a’ chiad oidhche a-muigh còmhla ri Mairead’. • Tha Ruairidh airson coltas ciùin, dòigheil a nochdadh: ‘cha do thionndaidh e gus an do nochd i timcheall an oisein’ ged a tha e tro-chèile. 	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
5.	(a)	<p>Taghadh-facail</p> <p>Taghadh-facail: dhà às na h-eisimpleirean seo no à beachdan iomchaidh eile</p> <ul style="list-style-type: none"> • ‘sùilean cho cinnteach ’s gun do shaoil e gum faiceadh i a-steach na inntinn’ - tha Ruairidh a’ faireachdainn gun urrainn do Chrìona a smuaintean a leughadh is nach urrainn dha stad a chur oirre • ‘thuirt Chrìona ’s i a’ cumail a sùilean air’ - tha Chrìona a’ cleachdadh a sùilean gus làmh-an-uachdair fhaighinn air • Tha an t-ùghdar a’ dèanamh coimeas eadar Ruairidh agus Chrìona le bhith a’ cleachdadh bhuadhairean laga (m.e. ‘an-fhoiseil’, ‘critheanach’) agus làidir (m.e. ‘cinnteach’, ‘cumhachdach’, ‘rèidh’) • Tha Chrìona ag innse dha Ruairidh dè nì e: ‘Seo’/“Bidh thu nas cofhurtaile fon seo.” • ’S i Chrìona a tha a’ làimhseachadh an t-suidheachaidh a rèir a toil fhèin: ‘dh’fhuirich i gus an tàinig e a-steach ri taobh.’ 	2	
	(b)	<p>Structar-seantans</p> <p>Structar-seantans: dhà às na h-eisimpleirean seo no à beachdan iomchaidh eile</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha Ruairidh a’ cleachdadh seantansan goirid a tha ag aontachadh ri na chanas Chrìona: me. ‘Tha i fiadhaich’. • Tha an t-ùghdar a’ cleachdadh trì-phuingean ‘ellipsis’ gus sealltainn gu bheil Ruairidh mì-chinnteach/an-fhoiseil: me. ‘O, ... tha ...’/ ‘uill... tapadh leat’ • ’S i Chrìona a tha a’ stiùireadh a’ chòmhradh le bhith a’ faighneachd sreath cheistean: me. ‘A bheil thu a’ feitheamh ri cuideigin?’/‘Tha thu air a bhith a’ feitheamh deagh ghreis, nach eil?’ 	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.		<p>Gabhar ri freagairtean iomchaidh, mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bha Mairead air comhairle iarraidh air Catriona mu bhith a' coinneachadh ri Ruairidh airson a' chiad uair. • Bha Mairead a' cur earbsa ann an tuigse Catriona: bha i 'eòlach air na balaich'. • Bha Catriona air moladh do Mhairiad gum bu chòir dhi a bhith fadalach (leis 'gun robh Ruairidh eagalach dèidheil oirre'). • Bha Catriona air i fhèin a sgeadachadh agus, an uair sin, air coinneachadh ri Ruairidh mus tàinig Mairead. • Dh'inns Catriona na breugan do Ruairidh ('S e freastal a tha seo') agus ghabh i brath air a caraid. • Thug Catriona Ruairidh dhan taigh-bìdh - tha e soilleir gun robh fios aice gun robh Ruairidh agus Mairead an dùil a dhol dhan taigh-òsta. 	4	
7.		<p>Gabhar ri freagairtean iomchaidh, mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> • 'S e caractar neo-chiontach a tha innte a tha a' cur earbsa ann an daoine eile: 'Bha fios aice nach leigeadh Ruairidh sìos i. Dh'fhuiricheadh i ris.'/Dh'inns i do Chatriona mun t-suidheachadh phearsanta anns an robh i, 's i a' sireadh comhairle. • Chan eil i a' lorg coire ann an daoine eile, ged a bu chòir dhi (me. 'Bha Ruairidh fadalach. Ruairidh còir') • Thathar a' gabhail brath oirre gu furasta - tha i a' meas Catriona mar a caraid: 'nach e sin a mhol a caraid dhi?' • Tha i gu math dèidheil air Ruairidh: 'sheall i suas an t-sràid fhalamh ... tro-chèile./'Ruairidh còir' 	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
8.		<ul style="list-style-type: none"> Sa chiad phàirt den sgeulachd 's e sealladh Ruairidh a tha againn - "Dh'fhairich e a chridhe..." / "Och, amadain" Anns an dàrna phàirt den sgeulachd tha sinn a' faicinn sealladh Mairead. - "Smaoinich i air a chrith" / "Sin e. Bha Ruairidh fadalach." Tha còmhradh a' dol eadar Catrìona agus Ruairidh - me. "“A Mhairead, bha dùil agam nach robh ... O, halò ... a Chatrìona?” / “Halò, a Ruairidh! Oidhche fhiadhaich, nach e?” arsa Catrìona. 	3	
9.		<p>Gabhar ri freagairtean iomchaidh, mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> 'Thug i an sgàilean a-nuas, ga chuartachadh mar lìon.': Tha an samhla seo a' toirt oirnn damhan-allaidh (Catrìona) fhaicinn is e a' glacadh cuileag (Ruairidh) ann an lìon (an sgàilean thairis orra). 'Mar gum biodh e fo gheasaibh, choisich e còmhla rithe ...': Tha an ìomhaigh seo èifeachdach leis gu bheil i a' sealltainn gu bheil Ruairidh air a bheò-ghlacadh le Catrìona/leis gu bheil i a' toirt beachd dhuinn gur e caractar cunnartach a th' ann an Catrìona, coltach ri bana-bhuidseach/leis gu bheil i mar dhrochaid eadar Catrìona mhaiseach (mar a chì sinn i anns a' chiad phàirt den sgeulachd) agus caractar meallta (mar a chì sinn san dàrna pàirt). 	2	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.	<p>Gabhar ri freagairtean iomchaidh, mar eisimpleir dhiubh seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> • ‘Och, amadain ... carson a bha e fadalach air a’ chiad oidhche?’ (Ruairidh): Tha a’ cheist reatoraigeach seo a’ sealltainn cho tro-chèile ’s a tha Ruairidh/gu bheil Ruairidh den bheachd gu bheil e air brochan a dhèanamh den t-suidheachadh. • ‘An e seo an aon Chatrìona NicDhòmhnaill a bha san sgoil còmhla ris bho chionn bliadhna no dhà?’ / ‘An robh an dath iongantach sin orra fhad ’s a bha iad san sgoil?’ / ‘Ciamar nach do mhothaich e dhi an uair sin?’ (Ruairidh) Tha a’ cheist/na ceistean reatoraigeach seo a’ nochdadh dhuinn gu bheil e a’ gabhail iongantas mar a tha Catrìona air atharrachadh agus cho brèagha ’s a tha i a-nis/mar a tha a shealladh air Catrìona air atharrachadh. • ‘Nach e sin a mhol a caraid dhi?’ (Mairead): Tha a’ cheist reatoraigeach seo a’ toirt am follais gur dòcha gu bheil Mairead a’ cur ceist bheag anns na thuirt Catrìona rithe/gu bheil iongnadh air Mairead nach do dh’obraich comhairle Catrìona (is i cho eòlach air an t-suidheachadh). • ‘Carson, ma-thà, nach robh e ann?’ (Mairead): Tha a’ cheist reatoraigeach seo a’ sealltainn gu bheil teagamhan aig Mairead (ged a tha i an uair sin a’ toirt oirre fhèin a chreidsinn gu bheil a h-uile càil mar bu chòir). 	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
11.		<ul style="list-style-type: none"> Faodar bualadh air cuspair sam bith a tha freagarrach, mar eisimpleir: Foill/Mealladh/Cealg/Gabhail brath/Càirdeas/Gaol Feumar sealltainn mar a dh'èirich an cuspair seo san sgeulachd. (2) <p>me: Càirdeas</p> <ul style="list-style-type: none"> bha an triùir aca anns an sgoil còmhla ach tha na càirdeasan a tha eadarra ag atharrachadh (1) Tha sinn a' faicinn mar a tha càirdeasan air am milleadh nuair a tha daoine a' gabhail brath air a chèile (mar a tha Catriona ri foill air Mairead agus Ruairidh) (1) <p>no eisimpleir airson dà chuspair</p>	2	

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]